

Coinneamh shònraichte Bòrd MG ALBA

Crowne Plaza, Glaschu
Dimàirt 21 Màrt 2017, 0900-1300

Dreachd geàrr-chunntas

- Bòrd:**
- | | |
|---|-------------------------|
| Magaidh Choineagan (<i>sa Chathair</i>) | Donaidh MacAmhlaidh |
| Daibhidh Brew | Iain Stephen Moireasdan |
| Catriona Nic a' Phì | Jo NicDhòmhnaill |
| Dùghall MacAmhlaigh | Mairi Kidd |
- Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)
Niall M. Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)
Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd*)
Chris Dòmhnallach (*Stiùiriche Obrachaidh*)
Màiri Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)
- An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*) airson puingeann 1 agus 2 agus air a' chòmhradh le riochdairean a' BhBC.

Bha Stiùiriche BBC Scotland agus Ceannard Obrachaidh BBC Scotland an làthair bho 1000-1100.

Dh'fhoillsich am BBC air 21/2/17 fiosrachadh mun t-seilbheach aca airson BBC Scotland agus BBC ALBA. Air 22/2/17 dh'innis am BBC dè bha iad am beachd a bhith a' cosg ann an Alba eadar 2017 agus 2010. Mhìnich riochdairean a' BhBC mar a thàinig am BBC gu na co-dhùnaidhean seo agus na dùbhlain agus na cothroman a tha na lùib sin. Am measg nan còmhradhean bha clàr-ama gu seanail ur a' BhBC; lèirsinn na seanail ùr; *cross promotion* agus mar a bhiodh lèirsinn BBC ALBA a' suidhe taobh ri taobh ri sin. Chaidh a chomharrachadh gu robh rùn daingeann ann a bhith co-obrachadh gu maith BBC ALBA.

Chaidh taing a thoirt do riochdairean a' BhBC airson a thighinn a bhruidhinn ris a' Bhòrd agus chaidh taing a bhuileachadh air a' bhòrd airson a' chuiridh.

1 Leisgeulan

Calum MacFhearghais.

2 Pasgain

Rinn an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd taisbeanadh air suidheachadh cruthachail na seanail.

Bha pàipearan air beulaibh bhall le molaidhean oifigearan airson nan cùmhnantan pasgain le mìneachadh air a' phròiseas, mìneachadh air buaidh nan co-dhùnadh bho sheadh cruthachail agus bho sheadh eacanomaigeach agus lèirmheas air cunnartan. Chaidh na leanas a dheasbad:

- adhbharan diùltaidh airson cuid de na tagraidhean;
- cudromach gum bi barrachd chompanaidhean eadar-dhealaichte a' cur a-steach tagraidhean;
- an cothrom do chompanaidhean eile taobh a staigh cuairtean coimiseanaidh;
- gun tèid taic, leasachadh agus meantoradh a thoirt do na companaidhean nach robh air a bhith soirbheachail;
- gun rachadh iomradh a thoirt air a h-uile companaidh a thaobh an aithne a bha iad a' toirt don Ghàidhlig agus do thrèanadh taobh a-staigh nan companaidhean.

Chaidh na Pasgain aontachadh agus chaidh meal a naidheachd a bhuileachadh air an sgioba airson an cuid obrach. Mhol buill gum biodh e math faicinn iomradh air dè seòrsa prògraman ann an da-rìribh a bhiodh ann. (Gnìomh: IMT)

3 Spòrs

Bha pàipear air beulaibh bhall (a chaidh a sgrìobhadh air 16/3/17) le fiosrachadh air a' chuairt coimiseanaidh airson pasgan spòrs. Chaidh innse gun do dhùin a' chuairt air 9/3/17 le còig tagraidhean air am faighinn. Mheòraich an Sgioba Phasgain air na tagraidhean agus bha an lèirmheas sin an cois a' phàipeir.

Chaidh pàipear a bharrachd a sgaoileadh air buill le measadh deireannach oifigearan agus moladh airson a' chùmhnant pasgan spòrs.

An dèidh deasbaid, chaidh aontachadh ann am prionnsabal ri moladh nan oifigear cùmhnant pasgan spòrs 3 bliadhna, a' tòiseachadh air 01/07/2017 a thairgse do Nemeton Scotland Ltd airson 600 uairean a thìde de phrògraman spòrs ann an gnèithean ball-coise, rugbaidh agus camanachd, air cosgais iomlan de £ [GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta].

Chomharraich buill gu robh an aonta seo stèidhichte air gu bheil gealladh ann bho oifigearan gu bheil sùbailteachd ann taobh a-staigh a' chùmhnant nithean atharrachadh ri linn an àrainneachd craolaidh ùr agus gu bheil gealladh ann a thaobh seasamh a' chompanaidh. (Gnìomh: NMG)

Chaidh aontachadh rannsachadh a dhèanamh air buaidh spòrs air Gàidheil òga (Gnìomh: IMT)

Chaidh meal a naidheachd a bhuileachadh air an sgioba airson an cuid obrach.

3 Co-bhanntachd BBC ALBA

Dh'fhoillsich am BBC air 22/2/2017 dè bha iad am beachd a bhith a' cosg ann an Alba eadar 2017 agus 2010, air an t-seanail ùr BBC Scotland, agus bha iomradh ann mu BhBC ALBA.

Bha pàipearan air beulaibh bhall le lèirmheas air co-bhanntachd BBC ALBA an dèidh co-dhùnaidhean a' BhBC mu BhBC ALBA airson 2017/18 gu 2019/20. Chaidh deasbad a chumail agus chaidh na leanas aontachadh:

- Ann an co-obrachadh le Ofcom, am BBC agus gu ìre le DCMS, gum bu chòir feuchainn ri uallach a chuir air a' BhBC poileasaidh airson mion chànain a stèidheachadh;
- Gun rachadh MG ALBA an sàs sa chòmhradh a thaobh an sgrùdadh neo-eisimeileach a chaidh a choimiseanadh le riaghaltas na RA air S4C;
- Gun rachadh sgrùdadh a chumail air modailean-obrach eile, gu h-àraid air modail diofraichte far am biodh MG ALBA a' maoineachadh agus/no a' libhrigeadh prògraman don BhBC, an asgaidh no air pàirt-chosgais nam prògraman, seach a bhith mar chom-pàirtiche san t-seanail;

- Dàimh oifigeil a stèidheachadh eadar Bòrd MG ALBA agus Bòrd a' BhBC, le seasamh mu choinneimh Ofcom, airson Paragraf 40 den Framework Agreement a chur an gnìomh gu oifigeil agus gu poblach anns an dòigh as a fhreagras air craoladh Gàidhlig agus air am bi am BBC cunntachail;
- Gun tèid coinneachadh ri Ball Albannach air bòrd ùr a' BhBC;
- Barrachd fiosrachadh fhaighinn ann an da-rìribh air na prògraman a bhios air an co-measanaidh leis an t-seanail ùr BBC Scotland;
- A bhith staigh air còmhraidhean le BBC Scotland bhon fhìor thoiseach aig ìre coimeasanaidh agus gum bi àrd-riochdairean BBC ALBA ag obair gu dlùth le oifigearan na seanail eile.

(Gnìomhan: DC)

4 Deit agus ionad na h-ath choinneimh

2/6/17, Glaschu

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: